CUIREADH GU TAIRGSE – SEALLADH FARSAING

Cùmhnant airson Cuirm Dhuaisean FilmG 19 a Lìbhrigeadh – Geàrr-chunntas airson Compàirtiche Lìbhrigidh

20 Samhain 2026

Ro-ràdh

Tha FilmG air fàs gu bhith na bhrannd MG ALBA measail agus brosnachail bhon a chaidh a stèidheachadh ann an 2008.

Is e adhbhar FilmG (tùs: https://www.filmg.co.uk/?lang=en):

- Taic a thoirt do dhaoine gus filmichean a dhèanamh sa **Ghàidhlig**
- Sgilean practaigeach a leasachadh ann am filmichean a dhèanamh agus riochdachadh airson na sgrìn
- Tàlant sgrìn ùr Gàidhlig a lorg agus a leasachadh
- Clann, daoine òga agus inbhich a bhrosnachadh gus ùidh a ghabhail anns na meadhanan Gàidhlig, tro roinnean aoise fa leth
- Trèanadh agus taic a thoirt seachad tro bhùthan-obrach, cothrom air uidheamachd, taic deasachaidh agus gnìomhan compàirteachaidh sgoiltean

Ann an cleachdadh, ’s e **pròg**ram airson tàlant a leasachadh a th’ ann am FilmG, a bharrachd air a bhith **na chomharrachadh air dèanamh fhilmichean goirid sa Ghàidhlig**, a’ cruthachadh slighe a-steach do roinn phroifeiseanta na sgrìn airson mòran den fheadhainn a tha a’ gabhail pàirt.

Tha MG ALBA airson leantainn air adhart leis a’ bhrannd FilmG, am brannd a leasachadh agus tasgadh a chur ann, a’ dèanamh cinnteach gu bheil e air a dhìon agus air àrach airson nam bliadhnaichean ri teachd.

Tha MG ALBA airson toradh obrach nan compàirtichean a chomharrachadh tro thachartas a tha brosnachail agus a bheir misneachd do dhaoine, agus a tha cuideachd ruigsinneach do sgoiltean, buidhnean òigridh agus luchd-dèanaimh fhilmichean neo-eisimeileach a tha nan inbhich.

Thèid an ath cho-fharpais FilmG (FilmG 19) a chumail ann an 2027 agus ’s e 12 Màrt 2027 an ceann-latha airson filmichean a chur a-steach.

Tha MG ALBA a’ cur fàilte air tagraidhean bho phàrtaidhean aig a bheil ùidh ann a bhith a’ dealbhadh, a’ stiùireadh agus a’ lìbhrigeadh tachartas dhuaisean airson FilmG 19. Cha deach ceann-latha airson cuirm nan duaisean a shuidheachadh fhathast; bidh e an urra ri grunn nithean, a leithid cothrom air àite-tachartais agus mìosachan nan sgoiltean. Mar sin, feumaidh tagraichean a bhith sùbailte mu cheann-latha na cuirme. Thèid an ceann-latha aontachadh eadar MG ALBA agus an compàirtiche lìbhrigidh airson co-fharpais FilmG aon uair ’s gun tèid an cùmhnant a bhuileachadh.

Às deidh dhaibh tagraidhean fhaighinn, dh’fhaodadh MG ALBA tagraichean iarraidh gu agallamh mar phàirt de phròiseas measaidh nan tairgsean. Ma thèid agallamh a chumail, dh’fhaodadh buaidh a bhith aige air sgòradh tairgse an tagraiche agus air a’ cho-dhùnadh mun chùmhnant. Thèid an t-agallamh a sgòradh a rèir nan aon shlatan-tomhais measaidh ’s a thèid a chleachdadh airson nan tairgsean fhèin.

Feumar an tairgse a chur a-steach air post-d gu tender@mgalba.com

Feumaidh tairgsean a bhith a-staigh ro 2f Dihaoine 11 Dùbhlachd. Dh’fhaodte nach tèid beachdachadh air tairgsean a thig a-steach às dèidh seo. Chan eil MG ALBA ceangailte ri gabhail ri tairgse sam bith a gheibhear.

Bu chòir ceistean a chur gu tender@mgalba.com.

Cùl-fhiosrachadh

Tha timcheall air 50 neach-obrach aig MG ALBA. ’S e prìomh obair na companaidh susbaint lèir-chlaistinneach a choimiseanadh bho chompanaidhean riochdachaidh mheadhanan, agus seirbheis lèir-chlaistinneach Ghàidhlig BBC ALBA a ruith ann an co-obrachadh leis a’ BhBC, agus LearnGaelic agus SpeakGaelic ann an compàirteachas leis a’ BhBC agus Sabhal Mòr Ostaig.

’S e co-fharpais fhilmichean goirid sa Ghàidhlig a th’ ann am FilmG. Tha e ann a thoirt taic do dhaoine gus filmichean a dhèanamh sa Ghàidhlig, sgilean sgrìn practaigeach a leasachadh, agus tàlant sgrìn ùr a thoirt am follais.

Faodar tadhal air **www.mgalba.com** airson barrachd fiosrachaidh mun chompanaidh, agus air https://www.filmg.co.uk/ airson barrachd fiosrachaidh mu FilmG.

Amasan

Farsaingeachd nan Seirbheisean
• **Dealbhadh, stiùireadh agus lìbhrigeadh cuirm dhuaisean FilmG 19**, a rèir brannd MG ALBA agus an ro-innleachd Lèirsinn 2030. Cuiridh a’ chuirm òigridh a tha an sàs ann an dèanamh fhilmichean aig cridhe an tachartais, agus freagraidh i feumalachdan nan sgoiltean agus nam buidhnean òigridh a tha a' gabhail pàirt, agus luchd-amais FilmG san fharsaingeachd. • **Cruthaich cuirm shònraichte agus brosnachail** a chuireas air adhart filmichean, sgilean agus coileanadh dhaoine òga. Bu chòir don tachartas tàlant aithneachadh, pròis a bhrosnachadh ann a bhith a’ dèanamh fhilmichean sa Ghàidhlig, agus misneachd a thoirt do chompàirtichean an coileanadh seo fhaicinn mar cheum a dh’ionnsaigh barrachd chothroman cruthachail. • Thoir ùr-ghnàthachadh air a’ chruth. Airson FilmG 19, tha MG ALBA a’ cur fàilte air molaidhean airson dhòighean-obrach ùr-ghnàthach no eadar-dhealaichte a tha ag amas air a' chuirm a leasachadh don luchd-frithealaidh. Faodar cuirm nan duaisean airson 2026 fhaicinn an seo: FilmG 2026 Beò | Watch FilmG Live | BBC ALBA, agus faodar cuirm nan duaisean airson 2025 fhaicinn an seo: FilmG 2025 Beò | FilmG 2025 Live. • **Cruthaich dòighean ùr-ghnàthach eile airson a’ chuirm fhaicinn agus pàirt a ghabhail innte, airson an fheadhainn nach urrainn a bhith an làthair gu pearsanta.** Chan eil sinn an dùil cuirm dhuaisean FilmG 19 a shruthadh beò no a chraoladh. An àite sin, tha sinn an dùil dòigh-obrach nas leasaichte a chleachdadh tro na meadhanan sòisealta, no gabhail ri moladh eile. Bu chòir don chruth ùr dèanamh cinnteach gu bheil an luchd-amais nach eil an làthair a’ faireachdainn gu bheil iad nam pàirt den tachartas, a’ ceangal ris na filmichean, agus a’ gabhail pàirt ann an soirbheachas nan compàirtichean. • **Glèidh àite-tachartais** a chuireas filmichean agus coileanadh dhaoine òga aig cridhe chùisean. Beachdaich air mar a chruthaicheas ruigsinneachd, cruth, goireasan taisbeanaidh agus nàdar an àite sàr thachartas tarraingeach dha na compàirtichean òga agus don luchd-amais san fharsaingeachd. • **Ullaich liosta aoighean gu cùramach** a bheir còmhla luchd-dèanaimh fhilmichean òga, an co-aoisean, riochdairean bho ghnìomhachas na sgrìn, agus aoighean aithnichte. Bu chòir don mheasgachadh seo urram a thoirt do thàlant òg, cothroman a chruthachadh airson ceanglaichean brìoghmhor a dhèanamh, agus ìomhaigh na cuirme a thogail, uile le daoine òga air an cumail aig cridhe an tachartais.

Farsaingeachd nan Seirbheisean
• **Deasaich Plana Pròiseict** a mhìnicheas mar a thèid cuirm nan duaisean a phlanadh, a stiùireadh agus a lìbhrigeadh, a’ gabhail a-steach clàr-ama airson a lìbhrigeadh agus buidseat. • **Ullaich aithisg-mheasaidh às dèidh an tachartais**, a’ measadh mar a chaidh a lìbhrigeadh an coimeas ris na h-amasan a chaidh aontachadh agus na prìomh chomharran coileanaidh (KPIs). Comharraich soirbheachas, leasanan a chaidh ionnsachadh agus molaidhean practaigeach airson chuirmean san àm ri teachd, a’ gabhail a-steach mar a dh’fhaodadh an tachartas daoine òga a bhrosnachadh nas fheàrr gus leantainn air adhart a’ dèanamh fhilmichean sa Ghàidhlig. • Tha MG ALBA a’ brosnachadh thagraichean gus beachdachadh air mar a tha duaisean FilmG a’ freagairt ri iomairtean eile ris a bheil sinn a’ toirt taic, leithid Às Ùr agus Duaisean Ciùil Traidiseanta na h-Alba MG ALBA. • Tha e riatanach gu bheil sgilean Gàidhlig agus eòlas air brannd FilmG aig an tagraiche.

Toraidhean is Clachan-mìle	Clàr-ama/Ceann-latha Lìbhrigidh
Planadh agus lìbhrigeadh Cuirm Dhuaisean FilmG 19	Dùbhlachd 2026 - 2027
Cuirm Dhuaisean FilmG 19	2027
Lìbhrigeadh aithisg air tachartas FilmG 19	4 seachdainean às dèidh ceann-latha cuirm nan duaisean.

Tàillean agus Cosgaisean
Tha MG ALBA air suim suas ri £35,000 a chur an dàrna taobh airson a' phròiseict seo.

Riaghladh a' Chùmhnaint
'S e Stiùiriche Compàirteachais is Leasachaidh MG ALBA am prìomh neach-conaltraidh airson a' chùmhnaint seo.

Slatan-tomhais Taghaidh is Slatan-tomhais airson an Cùmhnaint a bhuileachadh	Cothromachadh (%)
Fianais air tuigse shoilleir air na riatanasan, agus dòigh-obrach ùr-ghnàthach agus cruthachail.	30
Eòlas, eachdraidh obrach agus teisteanasan dhaoine fa leth no sgioba thar raointean comais buntainneach.	20
Càileachd, cruthachalachd agus cho sònraichte ’s a tha an tairgse.	30
Prìs	20
IOMLAN	**100**

Ma gheibh dithis thagraichean no barrachd sgòran a tha taobh a-staigh 5% air a chèile, thèid prìomhachas a thoirt don tagraiche a sheallas an dealas as motha a thaobh cleachdadh no leasachadh na Gàidhlig fhad ’s a tha an cùmhnant ga choileanadh.

Prìomh Chomharran Coileanaidh

1. **Lìbhrigeadh Tachartais:** Lìbhrig cuirm dhuaisean FilmG 19 ann an 2027.
2. **Susbaint an tachartais agus conaltradh didseatach:** Foillsich susbaint dhidseatach bho oidhche na cuirme gus na duaisean a thaisbeanadh agus gus an fheadhainn nach urrainn a bhith an làthair gu pearsanta a thoirt an sàs. Bu chòir seo a bhith air a dhearbhadh tro cheanglaichean foillseachaidh, anailis air an t-susbaint agus aithisgean air ìrean compàirteachaidh air na h-ùrlaran.
3. **Nochdadh sna naidheachdan:** Dèan cinnteach à co-dhiù ceithir aithrisean sònraichte mun chuirm a’ nochdadh ann am meadhanan clò-bhuailte, air-loidhne no craolaidh. Fàg a-mach puist air meadhanan sòisealta an seilbh luchd-ùidh, sanasachd phàighte agus ath-fhoillseachaidhean den aon stuth.
4. **Làthaireachd agus aoighean ainmeil:** Faigh co-dhiù 350 neach-frithealaidh an làthair aig a’ chuirm air an oidhche fhèin, a’ gabhail a-steach co-dhiù 4 aoighean ainmeil air an aontachadh ro-làimh le MG ALBA. Tomhais làthaireachd a rèir nan aoighean a tha air clàradh a-steach aig an tachartas, seach a rèir nan cuiridhean no nan clàraidhean ro-làimh, agus na gabh luchd-obrach an tachartais no luchd-solair a-steach do na h-àireamhan.

5. **Suirbhidh sàsachadh luchd-frithealaidh:** Tairg suirbhidh shaor-thoileach do luchd-frithealaidh aois 16–24 gus measadh dè cho brosnachail agus buntainneach ’s a bha a’ chuirm. Cuir an àireamh fhreagairtean, geàrr-chunntas air na toraidhean agus na prìomh bheachdan a fhuaradh a-steach don aithisg dheireannach mun phròiseact; chan eil targaid as ìsle ann airson àireamh nam freagairtean.
6. **Aithisg dheireannach mun phròiseact:** Cuir a-steach gu MG ALBA, taobh a-staigh ceithir seachdainean obrach bhon tachartas, an aithisg dheireannach mun phròiseact airson cuirm dhuaisean FilmG 19, a’ measadh mar a chaidh na h-amasan agus na KPIan aontaichte a choileanadh agus a’ toirt geàrr-chunntas air toraidhean na suirbhidh, na leasanan a chaidh ionnsachadh agus molaidhean airson chuirmean san àm ri teachd.

Poileasaidh air Solarachadh Seasmhach

Tha MG ALBA dealasach a thaobh slighe a dh’ionnsaigh Neoni Lom a leantainn agus feumaidh solaraichean an dealas fhèin a thaobh seasmhachd a nochdadh.